

# UNESCO

'S e **UNESCO** Buidheann Foghlaim, Saidheans agus Cultair nan Dùthchannan Aonaichte. Tha e airson sìth a thogail le **co-obrachadh** eadar-nàiseanta ann am Foghlam, Saidheans agus Cultar.

Thàinig **lèirsinn** stèidheachaidh **UNESCO** mar fhreagairt do chogadh cruinneil san robh **gràin-cinnidh** agus **fòirneart** an aghaidh nan lùdhach nochdte. An dèidh 70 bliadhna agus iomadach **strì** airson saorsa, tha **mandat UNESCO** cho iomchaidh 's a bha e a-riamh. Tha **iomadachd** chultarail fo ionnsaigh, agus tha dòighean ùra air **neo-fhulangas** a nochdadh, fìrinnean saidheansail gan diùltadh, agus saorsa labhairt ann an cunnart, uile nan dùbhlannan don t-sìth agus do **chòraichean daonna**.

**“Leis gum bi cogaidhean a’ tòiseachadh ann an inntinn fhìreannach agus bhoireannach, 's ann ann an inntinn fhìreannach agus bhoireannach a dh'fheumas dìon air sìth a bhith air a thogail”**

(air a thogail bho bhun-reachd UNESCO)





Tha **UNESCO** a' creidsinn nach eil riaghaltasan a' dèanamh gu leòr anns na tha iad a' cur air dòigh a thaobh phoilitigs agus a thaobh na h-eaconamaidh airson taic **mhaireannach**, onarach nan sluaghan fhaighinn. Feumaidh sìth a bhith stèidhichte air còmhradh agus co-thuigse. Feumaidh sìth a bhith air a togail air **dlùth-phàirteachas inntleachdail** agus **moralta** nan daoine.

Bidh **UNESCO** a' **leasachadh** innealan foghlaim a chuidicheas daoine a bhith beò mar **shaoranaich chruinneil**, gun **fhuath** no **neo-fhulangas**. Tha **UNESCO** ag obair gus cothrom air foghlam math a thoirt do gach leanabh agus gach **saoranach**. Le bhith a' brosnachadh **dualchas** cultarail agus **urram** co-ionann nan **dualchasan** gu lèir, bidh **UNESCO** a' neartachadh bhannan eadar dùthchannan. Bidh **UNESCO** a' cur air adhart phrògraman agus phoileasaidhean saidheansail mar àrd-ùrlaran airson **leasachadh** agus **co-obrachadh**. Tha **UNESCO** a' seasamh airson saorsa labhairt, mar chòir bhunaiteach agus mar phrìomh riatanas airson **deamocrasaidh** agus **leasachadh**.

